



Amnesty Eadar-nàiseanta

# A' BHINN BÀIS ANN AN SÌONA AGUS AIR FEADH AN T-SAOGHAIL

Stòras foghlaim còirichean a' chinne-daonna mu dheidhinn na binn bàis, a' coimhead gu sònraichte air Sìona. Airson òigridh aois 11–16 a' rannsachadh Saoranachd/Foghlam Pearsanta is Sòisealta tro Mhatamataig.

**STÒRAS FOGHLAIM AIR  
CÒIRICHEAN A' CHINNE-DAONNA  
SÌONA**

[www.amnesty.org.uk/education](http://www.amnesty.org.uk/education)

## MU DHEIDHINN AN STÒRAIS SEO

Anns an leasan seo bidh sgoilearan ag obair còmhla airson sgilean matamataigeach agus teicneòlas a chleachdadh gus fiosrachadh a sgrùdadh agus anailis a dhèanamh air mar a tha cleachdaidhean ag atharrachadh a thaobh binn bàis ann an Sìona agus air feadh an t-saoghail. Lorgaidh iad na dòighean as èifeachdaich air fiosrachadh, agus na beachdan is smuaintean aca fhèin, a thaisbeanadh le clàran, grafaichean agus mapaichean, agus beachdaichidh iad air cho earbsach agus fìor 's a tha an dàta a tha iad air cruinneachadh. Dh'fhaodar an obair a chleachdadh mar phàirt de latha thachartasan mu Shìona, no pròiseact tar-churraicealaim air Saoranachd/Foghlam Pearsanta is Sòisealta no mar leasan leis fhèin.



### Stòrasan air am bi feum

Pàipear graf  
 Piosan pàipeir mòra do gach buidheann  
 Pinn felt tip do gach buidheann  
 Glaoth  
 Blue tac  
 Pàipear airson obrachadh a-mach  
 Coimpiutairean (roghainneil)  
 Faclair  
 2 mhapa den t-saoghal (nì dealbh-loidhne a' chùis)  
 Goibhlean-tarraing (compasses) agus protractair  
 Lethbhreac den Cheisteachan.

### Buidheann 1

Duilleag gnìomha buidhne 1  
 Duilleag fiosrachaidh 1: **Dùthchannan far an deach binn bàis a thoirt gu buil 1975–2006**

### Buidheann 2

Duilleag gnìomha buidhne 2  
 Duilleag fiosrachaidh 2: **Cur gu bàs air feadh an t-saoghail ann an 2006 agus 2007**  
 Mapa an t-saoghail airson stuth a steigeil air no airson lethbhreac a dhèanamh dheth air pìos mòr pàipeir.

### Buidheann 3

Duilleag gnìomha buidhne 3  
 Duilleag fiosrachaidh 3: **Na dùthchannan far an deach na h-àireamhan as motha a chur gu bàs ann an 2007**

### Buidheann 4

Duilleag gnìomha buidhne 4  
 Duilleag fiosrachaidh 3: **Na dùthchannan far an deach na h-àireamhan as motha a chur gu bàs ann an 2007**  
 Mapa an t-saoghail airson stuth a steigeil air no airson lethbhreac a dhèanamh dheth air pìos mòr pàipeir.

### Buidheann 5

Duilleag gnìomha buidhne 5  
 Duilleag fiosrachaidh 4: **A' bhinn bàis ann an Sìona**

**2 A' BHINN BÀIS ANN AN SÌONA AGUS AIR FEADH AN T-SAOGHAIL**



## Gnìomh 1 (5 mionaidean)

Tòisich le bhith ag ràdh gu bheil mòran mu Shìona anns na naidheachdan an-dràsta airson gum bi na h-Olympics ann am Beijing, gu bheil eaconamaidh Shìona a' sior fhàs gu h-anabarrach luath agus gu bheil dragh air feadh an t-saoghail mu chòirichean daonna agus cùisean eile. Tha an leasan seo mu dheidhinn Sìona agus a' bhinn bàis agus tha na sgoilearan dol a dhèanamh rannsachadh air a' chuspair a' cleachdadh dòighean-obrach matamataigeach.

Dèan cinnteach gu bheil a h-uile sgoilear a' tuigsinn:  
PEANAS BÀIS  
BINN BÀIS

Innis gum b' àbhaist don mhòr-chuid de dhùthchannan peanas bàis a bhith aca san t-siostam lagh aca. A-nis, tha a' mhòr-chuid air cur às dha.

## Gnìomh 2 (15 mionaidean)

Faighnich do na sgoilearan:

Dè bhur beachd air a' bhinn bàis?

A bheil e ceart cuideigin a chur gu bàs airson eucoir? Ma tha – dè na h-eucoirean air am bu chòir a cleachdadh?

Lorg beachdan airson agus an aghaidh na binn bàis.

Iarr air a' chlas smaoinichadh air 10 eucoirean agus sgrìobh iad air a' chlàr.

Iarr air gach sgoilear a thighinn suas agus òrdugh a chur air na h-eucoirean a rèir cho dona 's a tha iad – aon phuing airson a' chron as lugha agus 10 airson a' chron as motha. Cunnt na puingeann airson gach eucoir. (Cùm clàr de na comharraidhean oir bidh buidheann 5 gan cleachdadh san obair aca.)

Thoir lethbhreac den Cheisteachan do gach sgoilear. Iarr orra comharradh dè na h-eucoirean a bu chòir a pheanasachadh le bàs. Cruinnich na ceisteachain agus cùm iad airson buidheann 5.

## Gnìomh 3 (20 mionaidean)

Roinn an clas ann an 5 buidhnean.

Thoir duilleag gnìomha eadar-dhealaichte do gach buidheann agus na duilleagan fiosrachaidh agus stòrasan a dh'fheumas iad. Thoir na comharraidhean bhon cheist air 'na h-eucoirean as miosa' do bhuidheann 5 agus na ceisteachain a lìon an clas air eucoirean a bu chòir an ceannsachadh le bàs. Dèan cinnteach gu bheil grunn duilleagan graf, goibhlean-tarraing, protractairean msaa aig gach buidheann.

Iarr air gach buidheann an obair air an duilleag gnìomha aca a dhèanamh. Is dòcha gum biodh e feumail nan roinneadh iad na gnìomhan eatarra.

Faodar na gnìomhan a dhèanamh le làmh-sgrìobhainn no le coimpiutair.

## Gnìomh 4 (10 mionaidean)

Tha gach buidheann a' gabhail ùine ghoirid airson na beachdan aca agus na fhuair iad a-mach innse don chlas le clàr pàipeir no Powerpoint.



## Gnìomh 5 (10 mionaidean)

Deasbad:

Dè a dh'ionnsaich sibh mun bhinn bàis air feadh an t-saoghail agus gu sònraichte ann an Sìona?

Dè a dh'ionnsaich sibh mu chleachdadh àireamhan agus cho earbsach 's a tha iad?

Dè bhur beachd air mar a bhios Sìona/ dùthchannan eile a' cleachdadh na binn bàis? A bheil duine air am beachd atharrachadh? Ma tha, carson?

## BUIDHEANN 1 DUILLEAG GNÌOMHA



Cleachdaibh am fiosrachadh air **Duilleag Fiosrachaidh 1** Dùthchannan Far an Deach Binn Bàis a Thoirt gu Buil, airson clàr-colbh a dhèanamh a' sealltainn atharrachadh ann an àireamhan cur gu bàs ann an roinnean an t-saoghail thar an 40 bliadhna a chaidh seachad.

Deasbad:

Dè am pàtran air feadh an t-saoghail?

Dè na pàtranan roinneil a chì sibh?

Dè na h-adhbharan a dh'fhaodadh a bhith ann airson a' phàtrain seo?

(Cuimhnich: Chan eil anns an dàta seo ach am fiosrachadh a tha ri fhaighinn.

Dh'fhaodadh nach eil àireamhan àrd ann an cuid de dhùthchannan air liostaichean nas tràithe a chionn nach robh fios aig duine dè bha a' tachairt annta).

Dèanaibh taisbeanadh den fhiosrachadh seo agus na beachdan agaibh a sheallas sibh don chlas. Tha pìosan mòra pàipeir agaibh agus mapa an t-saoghail airson bhur cuideachadh.

## BUIDHEANN 2 DUILLEAG GNÌOMHA

Cleachdaibh am fiosrachadh air **Duilleag Fiosrachaidh 2**, Cur gu Bàs air Feadh an t-Saoghail ann an 2006 agus 2007, airson 2 chlàr-cearcaill a dhèanamh a sheallas co mheud duine a chuireadh gu bàs anns gach tè de na 8 dùthchannan san liosta, mar cho-roinn den h-uile cur gu bàs a thachair san t-saoghal ann an 2006 agus 2007. Feumaidh sibh 9 earrannan sna clàran airson gach dùthaich agus aon a bharrachd airson nan dùthchannan nach eil air an liosta

Deasbad:

Dè cho earbsach 's a tha am fiosrachadh air a bheil na clàran-cearcaill agaibh stèidhichte?

Dè an t-eadar-dhealachadh a chì sibh eadar 2006 agus 2007. Dè na h-adhbharan a dh'fhaodadh a bhith ann airson seo?

Dèanaibh taisbeanadh de na clàran-cearcaill agus na beachdan agaibh airson a' chlas gu lèir.

## BUIDHEANN 3 DUILLEAG GNÌOMHA



Cleachdaibh am fiosrachadh agus an staitistearachd air cur gu bàs agus àireamhan sluaigh air **Duilleag Fiosrachaidh 3**, Na dùthchannan far an deach na h-àireamhan as motha a chur gu bàs ann an 2007, airson graf bann no clàr-cearcaill a dhèanamh a sheallas:

- àireamhan cur gu bàs anns gach tè de na dùthchannan far an robh cur gu bàs as cumanta ann an 2007
- àireamhan cur gu bàs a rèir àireamhan sluaigh anns na 7 dùthchannan far an robh cur gu bàs as cumanta ann an 2007.

Deasbad:

Dè tha na grafaichean agaibh a' sealltainn?

Dè cho earbsach 's a tha am fiosrachadh agus an staitistearachd?

Dèanaibh taisbeanadh de na fhuair sibh a-mach airson sealltainn don chlas.

## BUIDHEANN 4 DUILLEAG GNÌOMHA

Cleachdaibh am fiosrachadh air **Duilleag Fiosrachaidh 3**, Na dùthchannan far an deach na h-àireamhan as motha a chur gu bàs ann an 2007 airson clàr-colbh a dhèanamh a sheallas na h-eucoirean peanas bàis air an axis X agus an àireamh dhùthchannan far a bheil binn bàis ga cleachdadh airson nan eucoirean sin. Feumaidh sibh Sìona fhàgail a-mach a chionn gu bheil uiread eucoirean peanas bàis an sin, ach faodaidh sibh bruidhinn ma dheidhinn anns an taisbeanadh agaibh.

Deasbad:

Dè na h-eucoirean a gheibh binn bàis?

Dè na dòighean a th' ann airson daoine a chur gu bàs?

A bheil dad ann a' cur iongnadh oirbh?

A bheil an ceannsachadh cothromach?

Dèanaibh mapa gus sealltainn nan diofar dhòighean cur gu bàs. Tha mapa an t-saoghail ann airson bhur cuideachadh. Dh'fhaodadh sibh samhlaidhean (dealbhan simplidh) a chleachdadh airson na dòighean cur gu bàs eadar-dhealaichte a shealltainn.

Dèanaibh taisbeanadh den chlàr-cholbh, mapa agus na beachdan agaibh airson a' chòrr den chlas.

## BUIDHEANN 5 DUILLEAG GNÌOMHA



Dèanaibh graf bann a' sealltainn beachdan a' chlas air dè cho dona 's a tha iad a' saoil sinn eucoirean eadar-dhealaichte. Cleachd iomlan nan àireamhan airson gach eucoir.

Cleachdaibh na ceisteachain a lion an clas. Dèanaibh clàr-colbh a sheallas beachdan a' chlas air dè na h-eucoirean anns a' cheisteachan a bu chòir ceannsachadh le bàs agus dè an fheadhainn nach bu chòir.

Leughaidh **Duilleag Fiosrachaidh 4**, A' bhinn bàis ann an Sìona. Faodar a h-uile eucoir air an duilleig a cheannsachadh le bàs ann an Sìona (Giblean 2008).

Deasbad:

A bheil seo a' cur iongnadh oirbh?

A bheil Sìona ceart a bhith a' cleachdadh na binn bàis mar seo?

Dèanaibh taisbeanadh de na grafaichean agus na fhuair sibh a-mach bho Dhuilleag Fiosrachaidh 4 airson sealltainn don chlas.

# DUILLEAG FIOSRACHAIDH 1

## DÙTHCHANNAN FAR AN DEACH BINN BÀIS A THOIRT GU BUIL



CUR GU BÀS ANN AN 1975/6

AFRAGA	CEANN A-DEAS IS TUATH AMAIREAGA AGUS AN CARIBBEAN	ÀISIA	ROINN EÒRPA	EAR MEADHANACH
Afraga a Deas An Èiphit Benin Cameroon Chad Equatorial Guinea Etiopia Ghana Kenya Malawi Mali Namibia Niger Nigeria Poblachd Mheadhanach Afraga Sierra Leone Somalia Rhodesia (Zimbabwe) Zaire (D R Congo)	Antigua Argentina Bahamas Bermuda El Salvador Grenada Guatemala Guyana Haiti Jamaica Na Stàitean Aonaichte Peru	Afghanistan Bangladesh Burma (Mianmar) Coiria a Deas Coiria a Tuath Iapan Indonesia Kampuchea (Cambodia) Malaysia Na h-Innseachan Pagastan Philippines Singapore Siona Sri Lanka Taiwan Thailand Vietnam	Albania An Spàinn An Ungair A' Phòlainn Belarus Bulgaria Czechoslovakia Iugoslàibhia USSR	Bahrain Iorac Ioran Iordan Kuwait Lebanon Saudi Arabia Syria United Arab Emirates Yemen

CUR GU BÀS ANN AN 1985/6

AFRAGA	CEANN A-DEAS IS TUATH AMAIREAGA AGUS AN CARIBBEAN	ÀISIA	ROINN EÒRPA	EAR MEADHANACH
Afraga a Deas Algeria An Èiphit Angola Benin Cameroon Comoros Etiopia Ghana Guinea Bissau Kenya Liberia Libya Mauritania Mauritius Mozambique Namibia Nigeria Somalia Sudan Uganda Zimbabwe	Antigua Bahamas Belize Cuba Dominica Guatemala Guyana Na Stàitean Aonaichte St Lucia	Afghanistan Bangladesh Burma (Mianmar) Iapan Indonesia Laos Malaysia Na h-Innseachan Pagastan Singapore Siona Taiwan Thailand Viet Nam	An Ungair A' Phòlainn Belarus Czechoslovakia Iugoslàibhia USSR	Bahrain Iorac Ioran Iordan Lebanon Saudi Arabia Syria United Arab Emirates Yemen

8 A' BHINN BÀIS ANN AN SÌONA AGUS AIR FEADH AN T-SAOGHAIL



# DUILLEAG FIOSRACHAIDH 1 A' LEANTAINN DÙTHCHANNAN FAR AN DEACH BINN BÀIS A THOIRT GU BUIL



## CUR GU BÀS ANN AN 1995/6

AFRAGA	CEANN A-DEAS IS TUATH AMAIREAGA AGUS AN CARIBBEAN	ÀISIA	ROINN EÒRPA	EAR MEADHANACH
An Èiphit Comoros Nigeria Somalia Uganda Zimbabwe	Bahamas Guatemala Guyana Na Stàitean Aonaichte	Afghanistan Iapan Malaysia Mongolia Na h-Innseachan Pagastan Siona Singapore Taiwan Thailand Viet Nam	Belarus Co-bhanntachd na Ruis Kazakstan Kyrgyzstan Laitbhia Turkmenistan Ugràin Uzbekistan	Bahrain Iorac Ioran Iordan Kuwait Lebanon Saudi Arabia Syria Yemen

## CUR GU BÀS ANN AN 2006

AFRAGA	CEANN A-DEAS IS TUATH AMAIREAGA AGUS AN CARIBBEAN	ÀISIA	ROINN EÒRPA	EAR MEADHANACH
Botswana An Èiphit Equitorial Guinea Somalia Sudan Uganda	Na Stàitean Aonaichte	Bangladesh Coiria a Tuath Iapan Indonesia Malaysia Mongolia Pagastan Singapore Siona Viet Nam		Bahrain Iorac Ioran Iordan Kuwait Saudi Arabia Syria Yemen

## DUILLEAG FIOSRACHAIDH 2 CUR GU BÀS AIR FEADH AN T-SAOGHAIL ANN AN 2006 AGUS 2007



Ann an 2006, a rèir àireamhan oifigeil, chaidh 1,591 neach a chur gu bàs ann an 25 dùthaich. Ann an 2007 chaidh co-dhiù 1,252 neach a chur gu bàs ann an 24 dùthaich.

Chaidh a' mhòr-chuid de na daoine sin a chur gu bàs anns na h-ochd dùthchannan a leanas. (Tha Amnesty Eadar-nàiseanta den bheachd, anns na dùthchannan comharraichte le \*, gu bheil na h-àireamhan fìor mòran nas àirde na an fheadhainn a sgaoileadh gu h-oifigeil. Ann an Sìona is e rùn dìomhair na stàite a th' ann an staitistearachd binn bàis.)

2006	2007
Sìona 1010*	Sìona 470*
Ioran 177	Ioran 317*
Pagastan 82	Saudi Arabia 143*
Iorac 65*	Pagastan 135+
Sudan 65	Stàitean Aonaichte 42
Stàitean Aonaichte 53	Iorac 33*
Saudi Arabia 39*	Viet Nam 25*
Viet Nam 14*	Sudan 7*



## DUILLEAG FIOSRACHAIDH 3 NA DÙCHANNAN FAR AN DEACH NA H-ÀIREAMHAN AS MOTHA A CHUR GU BÀS 2007

Tha Amnesty Eadar-nàiseanta den bheachd, anns le dùthchannan comharraichte le\*, gu bheil na h-àireamhan fìor mòran nas àirde na an fheadhainn a sgaoileadh gu h-oifigeil.

### IORAN

**Cur gu bàs:** 317\*

**Àireamh sluaigh:** 65 millean

**Dòigh bàis:** crochadh (bho chrann) clachadh, tilgeil bho chreagan.

**Eucoirean peanas bàis:** Murt, eucoir dhrugaichean, adhaltranas, siùrsachd, gnìomhan co-sheòrsach, a bhith 'truaillichte air thalamh'; a bhith 'an aghaidh Dia'.

### SAUDI ARABIA

**Cur gu bàs:** 143\*

**Àireamh sluaigh:** 28 millean

**Dòigh bàis:** Di-cheannadh air beulaibh an t-sluaigh le claidheamh; clachadh; sguad loisgidh

**Eucoirean peanas bàis:** murt, buaireas (gnìomh no cainnte a bhrosnaicheas ar-a-nach an aghaidh an riaghaltais), èigheachadh, adhaltranas, co-sheòrsachd, spùinneadaireachd, goid chàraichean, eucoir dhrugaichean, buidseachd.

### NA STÀITEAN AONAICHTE

**Cur gu bàs:** 42

**Àireamh sluaigh:** 301 millean

**Dòigh bàis:** stealladh bàsmhor (37 stàitean), cathair dhealanach (10 stàitean), seòmar gas (4 stàitean); sguad loisgidh (3 stàitean); crochadh (3 stàitean)

**Eucoirean peanas bàis:** murt.

### SÌONA

**Cur gu bàs:** 470\*

**Àireamh sluaigh:** 1320 millean

**Dòigh bàis:** Peilear an cùl a' chinn no amhaich; stealladh bàsmhor

**Eucoirean peanas bàis:** 65 eucoirean eadar-dhealaichte airson a bhith a' planadh no a' dèanamh àireamh mhòr eucoirean fòirneartach agus nach eil fòirneartach, a' gabhail a-steach goid, foill agus eucoirean eaconamach.

### IORAC

**Cur gu bàs:** 33\*

**Àireamh sluaigh:** 27 millean

**Dòigh bàis:** sguad loisgidh, crochadh

**Eucoirean peanas bàis:** murt, ballrachd ann am buidheann armaichte, goid dhaoine, malairt dhrugaichean.

### PAKISTAN

**Cur gu bàs:** 135\*

**Àireamh sluaigh:** 164 millean

**Dòigh bàis:** crochadh, clachadh

**Eucoirean peanas bàis:** murt, goid dhaoine, hijackadh, malairt airgid fhallsa, goid armaichte, robaireachd, cùlteireachd armachd, malairt dhrugaichean, adhaltranas, toibheum.

### VIETNAM

**Cur gu bàs:** 25\*

**Àireamh sluaigh:** 82 millean

**Dòigh bàis:** Sguad loisgidh

**Eucoirean peanas bàis:** 29 eucoir a' gabhail a-steach murt, robaireachd armaichte, siùrsachd, drabastachd, eucoir ceangailte ri drugaichean, eucoir eaconamach

## DUILLEAG FIOSRACHAIDH 4 A' BHINN BÀIS ANN AM POBLACHD SHÌONA



Tha Sìona a' cleachdadh binn bàis mar pheanas airson mu 68 eucoir eadar-dhealaichte an-dràsta.

Tha dà dhòigh bàis aca. Is e peilear an cùl a' chinn an dòigh as cumanta. Chaidh stealladh bàsmhor - marbhadh prìosanaich le stealladh puinnsein – a thoirt a-steach ann an 1997 agus tha e a' sìor fhàs nas cumanta.

Is e rùn dìomhair na stàite a th' ann am fiosrachadh mu co mheud duine a th' air an cur gu bàs ann an Sìona. Ann an cuid de shuidheachaidhean thèid cur gu bàs innse anns na meadhanan. Uaireannan thèid cùis innse air clàr ann an stèiseanan poileis no air bùird brath an eadar-lìn far an tèid tiog dearg a chur ri taobh ainm neach a chaidh a chur gu bàs. Tha seo ga dhèanamh glè dhuilich faighinn a-mach dìreach co mheud duine a chaidh a mharbhadh. Ged a tha àireamhan oifigeil ag ràdh gun deach 470 duine a chur gu bàs ann an Sìona ann an 2007, tha Amnesty Eadar-nàiseanta agus buidhnean còirichean daonna eile den bheachd gun do chuir Sìona suas gu 6,000 duine gu bàs sa bhliadhna sin – sin 16 gach latha.

Tha mu 68 eucoirean eadar-dhealaichte ann an Sìona a dh'fhaodar peanasachadh le cur gu bàs, agus tha cuid aca nach eil nan eucoirean peanas bàis ann an siostam ceartais sam bith eile san t-saoghal. Nam measg tha eucoirean a chaidh fheuchainn ach nach deach a dhèanamh, eucoirean eaconamach, eucoirean dhrugaichean beaga agus a bhith ri eucoirean beaga leithid goid agus leòn nach eil cunnartach, tric.

Chan eil a' bhinn bàis ann an Sìona ga cur an sàs ann an Hong Kong no Macau

# CEISTEACHAN



Cuir tiog ri taobh eucoir sam bith a shaoileas tusa a tha airidh air binn bàis.

CUIDEACHADH NEACH AN GRÈIM RI TEICHEADH	
TOGAIL TEINE	
CUIDEACHADH DHAOINE A' DOL THAR CHRÌCH THIBET	
OIDHEIRP AIR GOID	
BRÌBEADH OIFIGICH, GABHAIL BHRÌBEAN	
BRISEADH DÌGEAN DRÈANAIDH	
DÈANAMH MILLEADH AIR STUTH NA STÀITE	
CO-RÙN LE NÀIMHDEAN	
SGAOILEADH DRABASTACHD	
MALAIRT DHRUGAICHEAN	
MEALL-SGRÌOBHADH NO REIC CHUNNTASAN VAT	
TOGAIL AIRGID GU MEALLTA	
TOIRT RÙINTEAN DÌOMHAIR NA STÀITE GU ÙGHDARRASAN CÈIN	
CÀRNADH BIDHE	
ÙPRAID PHOBLACH	
MALAIRT AIRGID MHÌ-LAGHAIL	
BROSNACHADH CREACHAIDH	
MARBHADH PANDA	
MURT	
PLANADH AN RIAGHALTAS A CHUR THAIRIS	
PLANADH FUIGHEALL CULTARACH A GHOID	
DÈANAMH NO REIC CUNGAIDH LEIGHEIS FHALLSA	
SIÙRSACHD	
ÈIGNEACHADH	
ROBAIREACHD LE FÒIRNEART	
BRISEADH UIDHEAM CONALTRAIDH	
IOMAIPT AIRSON NEO-EISIMEILEACHD AIRSON PÀIRTEAN DE SHÌONA	
REIC BIADH A NÌ CRON	
STÈIDHEAHCADH AONADH-CIÙIRD NEO-EISIMEILEACH	
CÙILTEIREACHD BATHAR AINMHIDHEAN TEARC	
CÙILTEIREACHD SGUDAIL	
BRATHADH	
GOID BHEAG me GOID ROTHAIR	
GOID PEATROIL	
SEACHNADH CHÌSEAN	
MALAIPT ANN AM BOIREANNAICH, REIC SIÙRSACHD	
BRATHADH AN AGHAIDH DO RIAGHALTAIS FHÈIN	
SGRÌOBHADH SHLUAGH-GHAIRMEAN AIR BALLA	